



Aonad - Seònaid NicLachlainn

Prìomh Èolasan agus Builean

'S urrainn dhomh bruidhinn mu carson a bha daoine agus tachartasan bho àm sònraichte a dh'fhalbh cudromach, gan cur ann an òrdugh eachdraidheil.

SOC 2-06a

'S urrainn dhomh bruidhinn mu na h-adhbharan a bha aig daoine a bha an sàs ann an tachartas cudromach san àm a dh'fhalbh agus 's urrainn dhomh measadh a' bhuaidh a bha aca, aig an àm sin agus on uair sin.

SOC 3-06a

Leasan 5	Turas-ciùil Seònaid
Eòlasan & Builean	<p><i>Nuair a tha mi a' dèiligeadh ri daoine eile, 's urrainn dhomh freagairt ann an dòighean iomchaidh a rèir mo shuidheachaidh, a' sealltainn gu bheil mi a' cur luach air beachdan dhaoine eile agus gan cleachdadh gus cur ri mo smaoineachadh.</i></p> <p style="text-align: right;">LIT 2-02a</p> <p><i>'S urrainn dhomh beachdan is fiosrachadh iomchaidh a thaghadh is a chur an òrdugh ann an dòigh a tha freagairt air m' adhbhar agus facail a chleachdadh a fhreagras air mo luchd-amais.</i></p> <p style="text-align: right;">LIT 2-06a</p> <p><i>'S urrainn dhomh dèiligeadh ri daoine eile gu h-iomchaidh, am brosnachadh gu bhith a' gabhail pàirt agus tha mi a' tuigsinn gu bheil làn chòir aca beachd eadar-dhealaichte a bhith aca.</i></p> <p><i>'S urrainn dhomh freagairt a rèir mo shuidheachaidh agus na chanas daoine eile a chleachdadh airson smaoineachadh a mheasadh, a shoilleireachadh no atharrachadh.</i></p> <p style="text-align: right;">LIT 3-02a</p> <p><i>'S urrainn dhomh beachdan agus fiosrachadh iomchaidh a thaghadh gu neo-eisimeileach airson diofar adhbharan, fiosrachadh no beachdan deatamach agus fiosrachadh-taic a chur ann an òrdugh rianail agus briathrachas iomchaidh a chleachdadh airson mi fhìn a chur an cèill gu h-èifeachdach rim luchd-amais.</i></p> <p style="text-align: right;">LIT 3-06a / LIT 4-06a</p>
Goireasan	<p>Cleachd Duilleagan PPT 12-16</p> <p>Artagailean mu Sheònaid air turas-ciùil</p> <p>Dealbhan</p> <p>Làrach-lìn Seònaid</p>
Èisteachd is Labhairt	<p>Mar chlas –</p> <p>Bruidhinn air na diofar àiteachan dhan deach Seònaid – dòighean siubhail?</p> <p>Cruthaichibh map còmhla airson taisbeanadh sa chlas no mar thaisbeanadh bhidio.</p>
Gnìomhan	<p>Obair bhuidhnean – Cruthaichibh taisbeanadh</p> <p>Rannsaich àite dhan deach Seònaid airson seinn – Canada/ Na Stàitean Aonaichte/ Astràilia/ Sealan Nuadh</p> <p>Cò ris a bha e coltach aig an àm?</p> <p>Cruthaich postair airson an turas-ciùil anns gach dùthaich.</p>



	Dèan faidhle-fiosrachaidh airson gach àite.
Briathrachas	Eilthireach (ainmear) cuideigin a tha a' dol a dh'fhuireach no a tha air a dhol a dh'fhuireach ann an dùthaich ùr.